

An Gearran 2026

# IRIS DO LUCHD-IONNSACHAIDH

Iris do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig



Iris cho-obrachail a' comharrachadh ar gaol  
co-roinnte air a' Ghàidhlig



Keep Scotland  
Beautiful

Do charthannas a' brosnachadh gnìomh airson ar n-àrainneachd

# Fàilte don Iris do Luchd- ionnsachaidh

Tha an iris seo a' brosnachadh na Gàidhlig agus na coimhearsnachd bheòthail de luchd-ionnsachaidh is luchd-labhairt air feadh an t-saoghail. Tha i a' toirt ri chèile guthan à cearcallan còmhraidh Gàidhlig, le sgeulachdan pearsanta, meòrachadh, agus cruthachalachd a' sealltainn mar a tha a' Ghàidhlig a' beartachadh ar beatha.

## Anns an iris, gheibh sibh:

- Tursan Pearsanta – Carson a tha daoine ag ionnsachadh na Gàidhlig agus na broснаich iad.
- Sgrìobhadh – Sgeulachdan, abairtean agus seallaidhean eadar-dhealaichte.
- Ceanglaichean Cruinneil – Cairtean-puist agus teachdaireachdan bho air feadh an t-saoghail.

Tha sinn an dòchas gun toir an iris seo brosnachadh, ceangal, agus misneachd dhuibh uile air turas na Gàidhlig, ge bith an e luchd-tòiseachaidh, luchd-fileantachd no dad sam bith eadar an dà dhiù a th' annaibh. Còmhla, cumaidh sinn a' Ghàidhlig beò.

Tapadh leibh gu mòr dhan fheadhainn a bha airson pàirt a ghabhail sa phròiseact agus airson ur gaol air a' Ghàidhlig a roinn!

Tha an iris seo air a dhealbhadh agus air a thoirt gu buil leis a' charthannas àrainneachdail Keep Scotland Beautiful agus tha e a' toirt taic don phròiseact Ar Dualchas, Ar n-Àm ri Teachd, a' leantainn air adhart leis na h-oidhirpean aca gus a' Ghàidhlig a chur air adhart mar phrìomh eileamaid de dhualchas cultarail na h-Alba.

'S e com-pàirteachas a th' anns a' phròiseact seo eadar Oilthigh Dhùn Èideann agus Keep Scotland Beautiful, le maoinneachadh le taic bho Àrainneachd Eachdraidheil Alba agus Maoin Dualchais a' Chrannchuir Nàiseanta, le taing do chluicheadairean a' Chrannchuir Nàiseanta.



OILTHIGH  
DHÙN ÈIDEANN





# Jonathan Angell

Is mise Jonathan, 's ann à Ulapul a tha mi o thùs agus tha mi a' fuireach ann an Glaschu le mo chèile à Hong Kong. Tha Ceum Maighstireachd agam bho Oilthigh Dhùn Èideann ann am Foghlam le Gàidhlig. Tha mi ag obair mar Oifigear Foghlaim is Ionnsachaidh na Gàidhlig aig Keep Scotland Beautiful, far a bheil mi a' cur ri gleidheadh dualchas na h-Alba le bhith a' cumail na Gàidhlig beò agus ga sgaoileadh do dhaoine ùra. Tha mi cuideachd nam Chathraiche air bòrd-urrasairean aig An Lòchran, ionad na Gàidhlig ann an Glaschu. Nuair nach eil mi an sàs anns na buidhnean sin, tha mi ag ionnsachadh Cantonais, a' dol air cuairtean, a' leughadh leabhraichean is a' cleachdadh na Gàidhlig far as urrainn dhomh.



## A' Ghàidhlig sa bheatha aig Jonathan

Chanainn gu bheil a' Ghàidhlig cudromach dhomhsa air sgàth an t-seallaidh a bheir i dhomh. Mhothaich mi gur e dìreach fuaimean a tha sinn uile a' dèanamh. Bidh tòrr dhaoine ag ràdh “tìoraidh” no “bye” ann an cànan eile mus fhalbh iad. Au revoir, adiós, 再見 (zoi3 gin3) – 's dòcha air sgàth gu bheil sin fionnar no snasail, uill, smaoinich air sealladh eadar-dhealaichte, mìneachadh ùr, le bhith a' leantainn ort leis a' chànan sin. Co-dhiù, tha sinn ach a' dèanamh fhuaimean, carson nach bi sinn deònach fuaimean eile ionnsachadh a bheir cothrom dhuinn cluich le seallaidhean, tuigse agus ealain?



## Nàdar

Nuair a bhios mi a-muigh, bidh mi a' smaoineachadh cho cudromach 's a tha nàdar dhuinn. Chan e dìreach rud snog a th' ann – tha e na phàirt de ar slàinte is ar sunnd, agus mar sin ar bodhaig. Tha a' Ghàidhlig a' toirt cuireadh dhuinn coimhead air nàdar ann an dòigh eadar-dhealaichte. Le ainmean-àite a' tighinn bho chraobhan, uisgeachan, beathaichean, tha an ceangal sin ri fhaicinn gu soilleir, agus tha e follaiseach cho dlùth 's a bha Gàidheil ris an talamh.

Nuair a chruthaicheas sinn àiteachan uaine an-diugh, ann am pàirc, ri taobh na sgoile, no fiù 's ann an gàrradh beag, chan eil sinn dìreach a' cur fhlùraichean. Tha sinn a' cruthachadh chothroman do dhaoine faclan Gàidhlig ionnsachadh tro nàdar: darach, seileach, seillean. Bidh sin a' cuideachadh le ceangal a dhèanamh ris a' chultar agus ris a' chànan, agus cuideachd ris an àm a dh'fhalbh.

Dhomhsa, tha àitichean mar seo nan àite fois is brosnachaidh. Tha iad a' cur nam chuimhne nach eil a' Ghàidhlig dìreach mu dheidhinn fhaclan, tha i mu dheidhinn an dòigh anns am bi sinn a' coimhead air an t-saoghal.

Suas le nàdar, suas le cultar, is suas leis a' Ghàidhlig.

# Andy Beck

Is mise Andy Beck, 's ann à Sasainn a Deas a tha mi o thùs, agus tha mi a' fuireach air iomall Ghlaschu – ann am Baile Druim an t-Sagairt – an-diugh. Tha mi pòsta ri Ciorstain, Gearmailteach ris an do choinnich mi nuair a bha mi a' fuireach ann am Berlin. Tha mi fortanach gu leòr a bhith ag obair tro mheadhan na Gàidhlig aig an àm seo, 's mi nam eadar-theangadair. Tha mi cuideachd an sàs gu saor-thoileach aig An Lòchran, carthannas na Gàidhlig ann am Partaig a chuireas diofar thachartasan Gàidhlig air dòigh do mhuinntir Ghlaschu.



## A' Ghàidhlig sa bheatha aig Andy

Tha ùidh agam ann an iomadh cànan an t-saoghail. Ach tha a' Ghàidhlig cudromach dhomhsa cuideachd leis gur e mion-chànan a th' innte, 's an cunnart ann gun crìochnaich i tuilleadh mura dèan sinn oidhirp gus a sàbhaladh. Ged as e obair dhuilich a tha seo, 's iomadh beachd eadar-dhealaichte ann a thaobh nan dòighean as èifeachdaiche airson a dhèanamh, feumaidh gach duine aig a bheil ùidh sa Ghàidhlig a dhìcheall a dhèanamh.

Nam bheachdsa, bu chòir do dhaoine eile a' Ghàidhlig ionnsachadh ma tha ùidh aca ann an cultar na h-Alba. Agus 's e cànan brèagha a th' anns a' Ghàidhlig, 's cultar beairteach ann timcheall oirre.



## An dòigh-ionnsachaidh as ionmhainn aig Andy

Tha iomadach dòigh ann gus cànan ionnsachadh. Ge-tà, tha aon dòigh-ionnsachaidh ann a tha nas èifeachdaiche na càch, dhomhsa co-dhiù.

Ann an saoghal na Gàidhlig, tha farsaingeachd de stuth clàraichte ann – bho na rudan as ùire air CBeebies gu susbaint nas traidiseanta leithid Bonn Còmhraidh no Tobar an Dualchais. Am measg na susbaint seo, lorgaidh mi clàradh a tha dùbhlach dhomh, clàradh nach tuig mi gu h-iomlan aig an fhìor-thoiseach. 'S ann còig gu deich mionaidean a dh'fhaide a tha an clàradh san àbhaist.

An uair sin, èistidh mi ris an aon chlàradh a-rithist agus a-rithist – can, dà no trì tursan gach latha. Mean air mhean, fàsaidh mi cleachdte ris agus tuigidh mi barrachd is barrachd dheth. Às dèidh seachdain no mar sin, bidh mi a' tuigsinn a h-uile càil. Tha an eacarsaich seo mìorbhaileach airson piseach a thoirt air do chuid sgilean tuigse (agus labhairt!).

'S ann air seòrsa “bogadh” a tha an dòigh-ionnsachaidh seo stèidhichte, leis gu bheil èisteachd a-mhàin an sàs. Tha thu a' togail a' chànan dìreach mar a bhiodh pàiste ga thogail bho a mhàthair.

# Dylan Elmore

Is mise Dylan. 'S ann às Na Stàitean Aonaichte a tha mi. Tha mi air a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig fad dà bhliadhna a-nis. Fhuair mi a-mach mu dheidhinn a' chànain fhad 's a bha mi a' leughadh leabhar air eachdraidh Ceilteach. Tha ùidh mhòr agam leis gu bheil sinnsearan Albannach agam. Mar sin, chuir mi romham Gàidhlig ionnsachadh is tha mi air a bhith a' leughadh no ag èisteachd ris a' chànan a h-uile latha bhon àm sin.



## A' Ghàidhlig sa bheatha aig Dylan

Tha a' Ghàidhlig cudromach dhomhsa, sa chiad àite air sgàth 's gu bheil i fìor inntinneach is spòrsail. Cuideachd, tha mi a' faireachdainn ceangal nas làidire le mo shinnsearan is eachdraidh. Rud eile, tha mi glè thoilichte a bhith aon de na daoine a' cumail na Gàidhlig beò.



## Goireasan Ionnsachaidh

Tha mi gu math taingeil gu bheil tòrr ghoireasan air an eadar-lìon airson ionnsachadh. Nam bheachdsa, tha an goireas as fheàrr airson luchd-tòiseachaidh, 's e Gaelic with Jason air YouTube. Gu h-àraidh nuair a tha thu a' fuireach far nach eil duine sam bith aig a bheil Gàidhlig. Agus na làraichean-lìn a tha cuideachd glè fheumail, 's e LearnGaelic, SpeakGaelic, Tobar an Dualchais, am measg nan goireasan eile.

## An abairt as fheàrr le Dylan

Tha an abairt Ghàidhlig as fheàrr leam (gu ruige seo co-dhiù), “Cha dèan brògan tioram iasgach”, no anns a’ Bheurla “dry shoes don’t fish”, coltach ris an abairt Bheurla “no pain, no gain”.

# Robyn Ireland

Is mise Robyn Ireland agus tha mi nam Oifigear Gàidhlig aig NàdarAlba, buidheann nàdair na h-Alba. Mar phàirt den obair agam, bidh mi a' cur an gnìomh Plana Gàidhlig na buidhne agus ag obair air measgachadh math de phròiseactan a tha a' neartachadh nan ceanglaichean eadar nàdar is daoine tron chànan is tron chultar.




**An cuidich cànan sinn ann a bhith a' tuigsinn eachdraidh sgìre agus a' smaointinn air teachd-shaoghal an àite?**

Tha Coilltean Caillte na phròiseact a mhapaich ainmean-àite ann an Alba a tha a' cur nar sùilean gum faodadh coille a bhith ann.

Bha a' mhòr-chuid de dh'Alba fo choille aig àm ach chan eil ach 4% dhen tìr air fad fo choille dhùthchasach a-nis. Tha ainmean-àite ag innse rudan dhuinn mun tìr agus a' toirt thugainn meas is co-theacsa cultarach is eachdraidheil cudromach.





Chaidh còrr is 15,000 ainm-àite a chruinneachadh leis an Dr Jake King o Ainmean-Àite na h-Alba airson a' phròiseict agus tha iad rim faicinn air mapa didseatach. Tha am mapa seo a' toirt fiosrachadh dhuinn mu na coilltean o shean, càit an robh iad agus dè na seòrsaichean de chraobhan a bhiodh a' fàs ann. Tha coilltean a' fàs ann an cuid dhe na h-àitichean a chaidh a mhapadh, ach tha ùidh shònraichte aig a' phròiseact sna h-àitichean far nach eil sgeul air craobhan an-diugh, no clàr mu na rinn daoine ann roimhe a bharrachd air na tha na h-ainmean-àite ag innse dhuinn. Tha na h-ainmean sgapte air feadh na h-Alba agus o gach cànan Albannach eadar Gàidhlig is Albais agus fiù Cruithnis agus Seann Lochlannais.

Tha sinn an dòchas uachdaranan-fearainn is coimhearsnachdan a bhrosnachadh gu cnuasachadh a thaobh nan craobhan dùthchasach a bhiodh air an fhearann aca, agus dòighean airson an tilleadh san àm ri teachd ma dh'fhaoidte.



# Pòl McCormack

Is mise Pòl, agus tha mi air a bhith nam neach-ionnsachaidh Gàidhlig thar beagan bhliadhnaichean. Tha mi dìreach aig an toiseach fhathast. Thòisich mi Gàidhlig a dh'ionnsachadh gu ceart as dèidh mo dhreuchd a leigeil dheth. Anis, tha mi nam oileanaich aig Colaiste na Gàidhlig ann an Alba Nuadh air astair. Tha mi dèidheil air eachdraidh, gu h-àraidh eachdraidh Albannach is Canadach, is cànan, agus a' togail dhealbhan.

Tha mi a' fuireach ann an Canada, faisg air Toronto.



## A' Ghàidhlig sa bheatha aig Pòl

Tha a' Ghàidhlig cudromach dhomhsa air sgàth gur e ceangal eadar an latha an-diugh agus an t-àm a dh'fhalbh a th' innte. Gun teagamh, tha cànan feumail airson eachdraidh a thuigsinn ann an co-theacsa de thachartasan eile. Tha mi cinnteach gu bheil tuigse air cànan cudromach airson tuigse fhaighinn air a' chumadh-inntinn aig daoine à diofar dhùthchannan. Nuair a dh'ionnsaicheas tu cànan eile, cànan sam bith, tha e math airson do shlàinte inntinn. Agus tha mise den bheachd gu bheil a' Ghàidhlig spòrsail gu leòr!



## A' Ghàidhlig ann an Canada

Tha dualchas na Gàidhlig mòr is fada ann an Canada, bho in-imrich thràth a thàinig gu cladach Alba Nuaidh air longan mar an Eachann ann an 1637, tro dhaoine dìleas don Chrùn às dèidh Chogaidh Neo-eisimeileachd Ameireaganach ann an 1775–1783, agus an dèidh sin.


Ged a bha a' Ghort Albannach is Èireannach agus an Dàrna Fuadaichean anns a' mheadhan den naoidheamh linn deug, uabhasach do dh'Alba, thug iad cothroman do mhuinntir na Gàidhealtachd agus na Galltachd tuineachadh ann an àiteachan mar Chanada, Na Stàitean Aonaichte agus Astràilia – ged nach robh mòran roghainn aig na daoine fhèin. Gu dearbh, aig an àm sin bha a' Ghàidhlig mar an treas cànan Eòrpach as cumanta ann an Canada, às dèidh na Beurla agus na Fraingis. Dh'aithris Cunntas-sluaigh Canadach 1851 gun do dh'fhàs àireamhan nan Gàidheal ann an Canada bho timcheall air 42,000 gu mu 75,800 eadar 1848 is 1851. Bha an àireamh seo a' riochdachadh timcheall air dà is leth sa cheud de shluagh na h-Alba aig an àm sin.

Tha iomadh ainm-àite Albannach air feadh na dùthcha. Dh'fhuirich a' mhòr-chuid de na Gàidheil ann an Alba Nuadh agus Eilean a' Phrionnsa, ach chaidh barrachd dhiubh gu Siorrachd Abhainn Ruadh ann am Manitoba no gu beanntan Alberta. Agus chaidh mòran Ghàidheil gu Ontario, ann an Siorrachd Bhrus agus Siorrachd Gleann a' Ghàrraidh.

An-diugh, tha iomadh buidheann coimhearsnachd a' toirt taic do dhualchas na Gàidhlig, air feadh na dùthcha, leithid Comunn Gàidhlig Toronto, a chaidh a stèidheachadh ann an 1880, agus buidhnean eile air feadh Canada, bho Vancouver air an iar gu ruige a' choimhearsnachd Ghàidhlig as motha anns an dùthaich ann an Ceap Breatainn air an ear.

# Yuki Miyagi

Is mise Yuki, tha mi à Iapan, agus tha mi air a bhith a' fuireach ann an Alba fad 30 bliadhna. Thàinig mi a dh'Alba nam oileanach ann an Cill Rìmhinn. Nuair a ràinig mi an seo, cha robh mi eòlach air a' Ghàidhlig, ged a bha mi eòlach air rudan eile a bha anns a' Ghàidhealtachd – uisge-beatha, fèileadh, pìob-mhòr, Loch Nis, Gleann Comhann is mar sin air adhart. Tha cuimhne agam fhathast gur ann air an telebhisean a chuala mi i airson a' chiad turas. Tha mi cinnteach gur e BBC Alba a bh' ann, 's ghabh mi neònachas mun chànan an uair sin.



## A' Ghàidhlig sa bheatha aig Yuki

Tha a' Ghàidhlig na pàirt air leth cudromach de dhualchas na h-Alba. Dhomhsa dheth, bidh i a' toirt seòrsa de dh'fhaireachdainn buntainn ris an dùthaich. Ach, tha ùidh mhòr agam anns a' chànan fhèin. Chan eil adhbhar toinnte agam. Tha mi dìreach toilichte gu bheil beagan Gàidhlig agamsa a-nis. 'S urrainn dhomh tuigsinn deagh chuid de na bhios daoine ag ràdh air BBC Alba. Nach eil sin snog!! Tha mi toilichte cuideachd gu bheil mi am measg nan daoine a tha a' cumail a' chànan beò, agus tha mi toilichte gu bheil mi a' gabhail pàirt ann an coimhearsnachd na Gàidhlig.





## A' sgrìobhadh leabhar-latha

Tha rudeigin ann a tha mi air a bhith a' dèanamh o thòisich mi ag ionnsachadh na Gàidhlig, agus 's e sin leabhar-latha a sgrìobhadh. Tha mi air diofar chànanan a dh'ionnsachadh roimhe, agus sin an rud a bha mi a' dèanamh nuair a bha mi gan ionnsachadh. Chan eil e gu diofar ma tha an seantans agad uabhasach sìmplidh, no ma nì thu mearachd. Tha e cudromach gum bi thu a' fàs cleachdte ri seantans a thogail gu sgiobalta. Bha e cuideachail dhomh le ionnsachadh cànan sam bith. Ma tha sibh ag iarraidh feuchainn ris, tòisichibh an-diugh e!

## Coimhearsnachd na Gàidhlig

Tha rudeigin eile ann a tha mi uabhasach toilichte mu dheidhinn on a thòisich mi ag ionnsachadh na Gàidhlig. 'S e sin a bhith nam phàirt de choimhearsnachd na Gàidhlig. Mura robh mi air tòiseachadh air a' Ghàidhlig, cha bhithinn air coinneachadh ris na daoine uile a tha ann an diofar phàirtean de dh'Alba, den Rìoghachd Aonaichte, agus fiù 's thall thairis anns na Stàitean Aonaichte, Canada, Astràilia is mar sin air adhart. Tha e uabhasach snog gu bheil sinn ga togail còmhla, agus tha mi an dòchas gum bi i a' cumail a' fàs nas motha. Tha mi fortanach gu bheil buidheann Gàidhlig ionadail far a bheil mi, agus tha mi an dòchas gum bi e a' fàs nas làidire cuideachd.



# Jennifer Moffat

Is mise Jennifer agus tha mi a' fuireach ann am Mon Rois. Rugadh agus thogadh mi ann an Obar Dheathain. Tha mi pòsta agus tha dithis mhac agam agus dithis oghaichean agam. Bha mi nam chunntasair. Tha ùidh agam ann am ball-coise agus goilf. 'S toil leam a bhith a' coiseachd air an tràigh gach latha. 'S e Èirisgeigh an t-àite as fheàrr leamsa ann an Alba.



## A' Ghàidhlig sa bheatha aig Jennifer

Tha a' Ghàidhlig gu math cudromach nam bheatha, ged nach eil Gàidhlig aig mo theaghlach. 'S ann à Alba a tha mi, agus 's fìor thoil leam a bhith a' fuireach ann. Tha a' Ghàidhlig air a bhith ga bruidhinn ann an Alba airson ceudan de bhliadhnaichean. Tha mi toilichte a bhith a' cumail a' chànan beò. Tha mi pròiseil gu bheil Gàidhlig agam, ged nach eil mi fileanta fhathast. Chan eil sinn ag iarraidh an cànan a chall, mar sin tha e cudromach gun ionnsaich daoine Gàidhlig. Tha na clasaichean spòrsail agus thachair mi ri mòran dhaoine snog. Bidh iad an-còmhnaidh gam bhrosnachadh leis a' chànan.

## Èirisgeigh agus Maighstir Ailein

'S e eilean beag a th' ann an Èirisgeigh anns na h-Eileanan an Iar, eadar Uibhist a Deas agus Barraigh.


Thàinig Ailean Dòmhnallach a dh'Èirisgeigh ann an 1894. B' e sagart a bh' ann. Thug muinntir an eilein Maighstir Ailein an t-ainm air. B' e duine sònraichte a bh' ann.

Dh'obraich e gu math cruaidh airson muinntir Èirisgeigh. Chaidh eaglais ùr a thogail le a chuideachadh agus bhrosnaich e foghlam agus cultar na Gàidhlig. Bha ùidh mhòr aige anns a' Ghàidhlig gu h-àraidh ann am beul-aithris agus faclaireachd. Ged nach robh Gàidhlig aige bho thùs, dh'ionnsaich e a' chànan gus an robh e fileanta. Thòisich e air beul-aithris a chruinneachadh ann an 1886 – òrain, sgeulachdan agus abairtean bho Uibhist a Deas agus Èirisgeigh. Sgrìobh e sìos faclan agus abairtean nach robh anns an fhaclair le Eòghann MacEachainn.

Tha an cruinneachadh gu math cudromach. Às aonais nan sgrìobhaidhean aige, bhiodh sinn air am fiosrachadh seo a chall gu bràth. Bhàsaich e ann an 1905 agus tha e na laighe anns a' chladh ann an Èirisgeigh ri taobh na mara, am measg an t-sluaigh. B' e Èirisgeigh an t-àite bu toilichte anns an robh e agus far an robh e measail leis na daoine. Sgrìobh esan iomadh dàn agus laoidh sa Ghàidhlig. 'S e "Eilein na h-Òige" an dàn as fheàrr leamsa.

# Natalie Naudi

Is mise Natalie agus 's ann à Malta a tha mi. Thòisich mi ag ionnsachadh na Gàidhlig còig bliadhna gu leth air ais, nuair a bha an galar mòr-sgaoilte ann. Leugh mi mu dheidhinn a' chùrsa Ghàidhlig air Duolingo. Cha robh mi eòlach air a' Ghàidhlig aig an àm, ach bha mi ann an gaol leis a' chànan ro cheann mìos. Bhon uair sin, chleachd mi goireasan mar [SpeakGaelic.scot](#), Beag air Bheag, An Litir Bheag, cùrsaichean cànan aig Sabhal Mòr Ostaig agus mar sin air adhart. Bidh mi a' leantainn Radio nan Gàidheal agus BBC Alba cho tric sa 's urrainn dhomh, airson mo chuid Ghàidhlig a leasachadh.



## A' Ghàidhlig sa Bheatha aig Natalie

Lorg mi rudeigin sònraichte anns a' Ghàidhlig... 'S e cànan brèagha, ceòlmhor a th' innte, agus cha robh mi a' smaoinichadh gum biodh mi ag ionnsachadh cànan ùr nam inbheach. Tha na làithean agam làn rudan a tha co-cheangailte ri Alba a-nis.

Bu chòir do dhaoine Gàidhlig ionnsachadh, oir 's e cànan sònraichte a th' ann: làn abairtean brìghmhor agus stèidhichte air cruth-tìre na h-Alba. Tha e math a bhith a' tuigsinn mar a bha beatha ar sinnsearan, tro na cleachdaidhean acasan agus dualchas. Agus mar a chanar, Tìr gun Teanga, Tìr gun Anam, agus 's e a' Ghàidhlig cànan nan Gàidheal.



## Cultar nan Gàidheal ann am Beatha Natalie

Tha ùidh mhòr agam ann an ceòl, agus tha ceòl Albannach a' còrdadh rium gu mòr. Is fìor thoil leam òrain Ghàidhlig, gu h-àraidh òrain luaidh agus port à beul. Tha e math a bhith ag ionnsachadh fhaclan ùra tro òrain. A thuilleadh air sin, rinn mi cùrsaichean seinne air loidhne cuideachd, far an do choinnich mi ri daoine laghach agus dh'ionnsaich mi òrain ùra.

Tha mi uabhasach measail air dannsa-ceum cuideachd, agus tha mi taingeil don Ghàidhlig airson an cothrom cùrsaichean air loidhne a dhèanamh. Bidh e a' togail m' inntinn a bhith a' seinn, a' dannsa agus ag èisteachd ris a' cheòl Albannach. O chionn ghoirid, bha mi a' dèanamh rannsachadh mu dheidhinn canntaireachd. Saoilidh mi gum biodh e math a bhith a' seinn òrain mar seo. Leugh mi gur e ionnsramaid leis fhèin a th' ann am feadan, agus cheannaich mi fear. Mar sin, tha mi air a bhith ag ionnsachadh na pìoba fad dà bhliadhna a-nis, agus tha mi a' dèanamh piseach beag air bheag: far am bi toil, bidh gnìomh.

Dùisgidh aon rud dà rud, agus tha mi cho taingeil gun do rinn mi a' chiad leasan sin anns a' Chèitean 2020. A thuilleadh air sin, tron chànan seo thachair mi ri coimhearsnachd càirdeil agus taiceil. Tha a h-uile duine cho coibhneil is còir, agus tha seo a' toirt misneachd dhomh.



# Deanna Nicholson

Tha mi air a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig fad còig bliadhna. An toiseach, bha ùidh agam ann am faclan òrain Ghàidhlig, ach mar a dh'ionnsaich mi barrachd, thuig mi gu bheil ùidh mhòr agam ann an cultar agus eachdraidh na Gàidhlig. Chuir mi crìoch air a' Chùrsa Adhartach aig Sabhal Mòr Ostaig as t-samhradh, agus tha mi a-nis ag obair air leughadh agus bruidhinn na Gàidhlig le buidhnean air-loidhne.

Image credit: Deanna Nicholson



## A' Ghàidhlig sa bheatha aig Deanna

Thòisich mi ag ionnsachadh na Gàidhlig aig àm a' ghlasaidh-shluaigh. Lorg mi tòrr charaidean le inntinn coltach rium, agus chòrd an dùbhlán rium. Cha robh mi a' tuigsinn gràmar na Beurla ge-tà, agus cha robh sgot agam dè bha "an t-alt" a' ciallachadh!

Tha mi a' sgrìobhadh nas fheàrr sa Bheurla a-nis, agus tha mo chuimhne nas fheàrr cuideachd. Tha a' Ghàidhlig na pàirt chudromach de dh'eachdraidh agus an t-àm ri teachd de chultar na h-Alba, agus mar as motha de dhaoine a dh'ionnsaicheas i, 's ann as motha a chumas i beò.



## Air an Tràigh

Tha mi a' coiseachd air an tràigh ann an Uibhist a Deas. Tha a' ghaoth mun cuairt orm, cluinnidh mi fuaim na mara. Cluinnidh mi na h-eòin a' cabadaich. Tha mi a' coiseachd còmhla ri mo charaidean. Tha sinn a' bruidhinn mu rud sam bith agus dad.

Tha mi a' faireachdainn ciùin, toilichte agus sàbhailte.

Dh'fhosgail mi mo shùilean agus chì mi mullach an inneil MRI faisg air mo shròin. Tha an t-àite cho beag agus tha m' anail a' fàs nas luaithe. Tha fios agam gum bi mi san àite bheag seo airson deich mionaidean eile.

Feumaidh mi smuaintean matha gus teicheadh às an àite seo. Tha mi a' smaoineachadh nas cruaidhe.

Gu h-obann tha fuaim na mara ann.

Tha na h-eòin a' cabadaich a-rithist.

Tha mi a' coiseachd air an tràigh ann an Uibhist a Deas còmhla ri mo charaidean.

Tha mi a' faireachdainn ciùin, toilichte agus sàbhailte.

'S ann air an tràigh ann an Uibhist a Deas a tha m' àite sàbhailte. Thèid mi ann nuair a dh'fheumas mi sìth a lorg.

# Isla Parker

Is mise Isla agus 's ann à Dùn Phrìs is Gall-Ghàidhealaibh a tha mi bho thùs, ach tha mi air a bhith a' fuireach ann an Glaschu fad ochd bliadhnaichean a-nise. Tha mi nam Oifigear na Gàidhlig agus nan Dàimhean Coimhearsnachd aig Oilthigh Dhùn Èideann. Nam dhreuchd, bidh mi ag obair còmhla ri luchd-obrach an Oilthigh agus buidhnean air feadh a' bhaile gus cànan is cultar na Gàidhlig a bhrosnachadh agus gus Plana Gàidhlig an Oilthighe a chur an gnìomh.



## A' Ghàidhlig agus Oilthigh Dhùn Èideann

Tha a' Ghàidhlig air a bhith na pàirt chudromach de dh'eachdraidh Oilthigh Dhùn Èideann o chionn fhada. 'S ann aig Oilthigh Dhùn Èideann a bha a' chiad Chathair na Ceiltis ann an Alba ga stèidheachadh ann an 1882, agus, 's e An Comann Ceilteach an comann as sine san Oilthigh.




Creideas an deilbh: Isla Parker

Ach, chan ann mun àm a dh'fhalbh a-mhàin a tha sgeulachd Ghàidhlig an Oilthighe! O chionn ghoirid, tha luchd-rannsachaidh aig Oilthigh Dhùn Èideann air a bhith ag obair còmhla ri Oilthigh Ghlaschu, Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean, agus BBC Alba, le maoineachadh bho Riaghaltas na h-Alba, gus inneal aithneachadh cainnte fèin-obrachail a chruthachadh airson na Gàidhlig. Gus seo a dhèanamh, tha an sgioba a' cleachdadh teacsa agus stuth claisneachd bho Thasglann Sgoil Eòlais na h-Alba aig Oilthigh Dhùn Èideann agus Tasglann Didseatach na Gàidhlig (DASG) aig Oilthigh Ghlaschu. Faodaidh duine sam bith le Gàidhlig cuideachadh leis a' phròiseact le bhith a' tar-sgrìobhadh nan clàraidhean-fuaime air làrach-lìn Fosgladh an Tobair.

Tha rannsachadh mar seo gu math cudromach ann a bhith a' toirt seasamh dhan Ghàidhlig san linn dhidseataich, agus, dhomhsa, 's math gu bheil cothrom aig a' choimhearsnachd air fad pàirt a ghabhail ann cuideachd.

# Kyriakos Kalorkoti

Rugadh is thogadh mi anns a' Chiopras ach tha mi air a bhith a' fuireach ann an Alba cuid as motha de mo bheatha. Bha mi nam òraidiche aig Oilthigh Dhùn Èideann ann an Informatics gus an do leig mi mo dhreuchd dhìom ceithir is leth bliadhna air ais.



## A' Ghàidhlig sa bheatha aig Kyriakos

Tha ùidh mhòr agam air a' Ghàidhealtachd agus bàrdachd Ghàidhlig. Tha e cudromach nach càill clann-daona cànan sam bith, tha a' Ghàidhlig air a bhith fo ionnsaigh o chionn fhada. Bu chòir dhuinn oidhirp a dhèanamh gus a cumail beò is fallain.

# Haicuen

“

## Haicu 1

Meòmhraich air beatha  
bhon Dùbhlachd gu Foghar ciùin  
dè rinn thu as t-fhiach?

”

“

## Haicu 2

Lidean gun chunntas  
ach feadhainn nan àireamh ceart  
thig crìoch ann sa bhad.

”

”

“

## Haicu 3a

An e seo Haicu  
neo an e hi cù a th' ann  
neo dìreach faoineas!

”

”

“

## Haicu 3b

An e seo Haicu  
neo cù anns a thaigh a th' ann  
chan e càil idir!

”

”

“

## Haicu 4

Cuiribh caol ri caol  
agus leathann ri leathann  
gus nach tèid sibh cearr!

”

”

“

## Haicu 5

Is neònach Beurla,  
canaidh iad “let them unite”,  
sa Ghàidhlig: “lenite!”

”

”

“

## Haicu 6

Mulad mòr reòite  
fulangach gun truas gun ghul  
fonn balbh bith-bhuanta.

”

”

“

## Haicu 7

Deireadh an Haicu  
a' tighinn gu grad is gun dàil,  
geall air a dhèanamh.

”

”

# Co-dhùnadh

Tha sinn an dòchas gun do bhrosnaich an iris seo sibh air ur turas Gàidhlig agus gun do chuir e ceangal ribh ri daoine eile sa choimhearsnachd seo. Ge bith an e gu bheil sibh dìreach a' tòiseachadh no fileanta mu thràth, tha gach facal, gach sgeulachd, agus gach còmhraidh cudromach; tha iad uile a' cur ri beòthachd is beairteas na Gàidhlig. Còmhla, cumaidh sinn a' Ghàidhlig beò, agus tha i a' leigeil leinn ar meas air a' chànan, ar cultar agus ar dualchas a roinn leis an t-saoghal. Tapadh leibh airson a bhith a' leughadh, agus airson spèis a thoirt do na sgeulachdan a bheir beatha do na ceanglaichean a th' againn uile.

Leis gach deagh dhùrachd,  
Jonathan (Cùm Alba Bòidheach) agus Isla (Oilthigh Dhùn Èideann)



We support the Sustainable Development Goals.

**Keep Scotland Beautiful is your charity for our environment. We work with you to help combat climate change, reduce litter and waste, restore nature and biodiversity and improve places.**

T: 01786 471333 E: [info@keepscotlandbeautiful.org](mailto:info@keepscotlandbeautiful.org)



[www.keepscotlandbeautiful.org](http://www.keepscotlandbeautiful.org)

